

Is cudromach agus sònraichte a' Ghàidhlig ann an dualchas na h-Alba. Ach tha an cànan, mar mòran àrainn is ghnè nàdarra na h-Alba, an staid duilich

Dìon is urram

“Tha ar dùthaich a’ conaltradh leinn tro ar cànan. Mura robh fear eile ann, bhiodh sin na adhbhar mòr gu leòr do dh’Albannaich a bhith a’ glèidheadh na Gàidhlig le deòin is cùram, dìreach mar a tha iad a’ dìon am fearainn is an uisgeachan.”

Is e seo beachd Ruairidh MhicIllEathain, neach-naidheachd is neach-craolaidh aig a bheil an colbh ‘Dualchas Coitcheann’ a chithear gu tric san iris seo. A’ sgrìobhadh sa leabhar *A’ Ghàidhlig air Aghaidh na Tìre: Ainmean Àite ann an Iar-thuath na Gàidhealtachd*, thuirt Ruairidh gur, “... i a’ Ghàidhlig cnàimh-droma dualchas ar n-ainmean-àite agus, airson tuigse fharsaing a bhith aig duine air tìr na Gàidhealtachd, tha e riatanach gun tuig e ar cànan... tha an dùthaich seo loma-làn dualchas cultarach a tha brioghmhor is brosnachail.” Tha obair-leasachaidh na Gàidhlig a-nis nas motha air aire dhaoine an dèidh gabhail ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 le Pàrlamaid na h-Alba. Is prìomh amas na h-Achd seo ach a’ Ghàidhlig a dhìon mar chànan oifigeil na h-Alba, agus airson is gum faigh a’ Ghàidhlig an ceart uiread de urram ri Beurla; leasachadh a tha bunaiteach, cudromach dhà-rìribh. Tha i cuideachd air Bòrd na Gàidhlig a chuir air bhonn mar a’ phrìomh bhuidhinn aig a bheil an dleastanas an Achd a chur an gnìomh agus iarraidh air buidhnean poblach an Alba planaichean Gàidhlig a chur air dòigh.

Tha na planaichean seo ann airson a bhith cinnteach gun dèan buidhnean na roinne poblaich an Alba an cuid dleastanas a-chum àite seasmhach a chruthachadh airson na Gàidhlig, eadar àrdachadh inbhe na Gàidhlig agus – gu cudromach – cruthachadh chothroman ùra do dhaoine ga cleachdadh. Ann an 1881, bha còrr is cairteal na millein daoine an Alba aig an robh comas-labhairt sa Ghàidhlig. Gu ruige cunntas-sluaigh 2001, bha 92,000 neach an Alba aig an robh an comas Gàidhlig a bhruidhinn, leughadh, sgrìobhadh no thuigse. Tha e cudromach, ge-tà, gun deach na h-àireamhan airson chloinne eadar 5-15 an àrd; toradh air mar a tha foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a’ dol as motha air feadh na dùthcha.

Tha Bòrd na Gàidhlig dhen a’ bheachd gu bheil cothroman mòra aig buidhnean nàiseanta – a leithid Dualchas Nàdair na h-Alba – bhon faodaidh na buidhnean seo seirbheis a thoirt seachad do gach aon den 92,000 neach a chomharrachadh sa chunntas-shluaigh. A bharrachd air seo, tha mòran dhe na h-oifisean air SNH ri lorg an sgìrean far a bheil àireamh nan Gàidheal aig ìre àrd, agus faodaidh conaltradh is co-obrachadh a bhith bitheanta eadar luchd-obrach

Chaidh Bòrd na Gàidhlig a stèidheachadh mar phàirt de dh’Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus tha am Bòrd ag obair le tòrr bhuidhnean poblach air feadh Alba gus planaichean Gàidhlig a chur an gnìomh. ‘S e pàirt cudromach de dh’obair leasachaidh na Gàidhlig a tha anns na planaichean seo, gus barrachd sheirbheisean poblach a thabhann tro mheadhan na Gàidhlig agus ìomhaigh a’ chanain a thogail am measg a’ mhòr-shluaigh.

1



SNH agus na Gàidheil seo.

Thàinig ùidh agus dealas Phrionnsa Theàrlaich mu choinneamh a' chultair, a' chruth-thìre, a' chànain cheann a tuath na Gàidhealtachd am follais nuair a fhuair e leth-bhreac de leabhran dà-chànanach ùr SNH air ainmean-àite, agus e a' tadhail bho chionn goirid air Mòd Ghallaibh.

Air a chuir air bhog ro dheireadh na bliadhna, thuir oifigear phlanaichean Gàidhlig Bhòrd na Gàidhlig, Dòmhnall Moireasdan, gun robh SNH an suidheachadh air leth airson tarraing aire dhaoine don Ghàidhlig agus a cultar. "Is àrainneachd na dùthcha na cuspair mòr an dualchas nan Gàidheal; ann am bàrdachd, òrain, is seanachas," chuir e ris ag ràdh, "tha buntanas làidir bho sheann air a bhith ann eadar an cànan agus an àrainneachd, agus an iomadachd ainmean-àite Gàidhlig air feadh na dùthcha ga dearbhadh."

Rinneadh fèill mhòr, gu dearbha, air a' bhuntanas seo eadar an cànan agus an àrainneachd an leabhar ùr bho SNH mu ainmean-àite Lochlannach is Gàidhlig cinn a tuath na h-Alba. Fhoillseachadh an leabhran dà-chànanach *A' Ghàidhlig is Lochlannais air Aghaidh na Tìre: Ainmean-àite ann an Gallaibh, Cataibh is Dùthaich MhicAoidh* le Ruairidh MacIllEathain aig a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail an Gallaibh.

Tha SNH dhen bheachd gu bheil cleachdadh na Gàidhlig ann am foillseachaidhean agus an stuth mineachaidh a' cur ris mothachadh is tuigse mu nàdar na h-Alba airson luchd-labhairt na Beurla agus luchd-labhairt na Gàidhlig mar an ceudna. Mar as motha a thèid a' Ghàidhlig a chleachdadh, 's ann as motha a thèid inbhe agus luach a' chànain aithneachadh mar ni aig cridhe cultair na h-Alba. Airson an tuilleadh fiosrachaidh mu ghoireasan Gàidhlig SNH, theirigibh gu www.snh.gov.uk/gaelic

2



1

Faodar a' Ghàidhlig air suaicheantas corporra, is air soidhnichean, piseach a thoirt air cho lèirsinneach sa tha an cànan. Tha e cuideachd a' toirt inbhe nas àird dhi agus a' dearbhadh brìgh agus luach na Gàidhlig agus na spèis a thathas a' cur oirre.

2

Thàinig ùidh agus dealas Phrionnsa Theàrlaich mu choinneamh a' chultair, a' chruth-thìre, a' chànain cheann a tuath na Gàidhealtachd am follais nuair a fhuair e leth-bhreac de leabhran dà-chànanach ùr SNH air ainmean-àite, agus e a' tadhail bho chionn goirid air Mòd Ghallaibh.